

“tìr a’ gheallaidh” an la ud mar an diugh. Ach tha atharrachadh mòr eadar suidheachadh Chanada an diugh, ’s an dé. Tha e furasda do’n eilthireach a shlighe a dheanamh an diugh gu Canada an coimeas ris an turus cheudna a ghabh Seumas Ros mu thrí fichead bliadhna ’s a dha dheug roimhe so. An diugh foghnaidh da sheachdain air muir, is aon seachdain air tìr ge b’e cho fada ’s a tha aig neach ri dhol. An sin ghabhadh e sè no seachd seachdain air cuan agus seachdain no’n còrr air loch is abhainn, a bharrachd air an ùine thar ròidean garbh-thollach tulganach, neo-shocaireach tre’n fhàsach, air am bitheadh e fein, a theaghlach, ’s a chuid de’n t-saoghal air an tarruing air slaod-dhaimh gun dad a chabhaig.

Thog an Rosach fearann ann am Middlesex aig Naruinn, àite a bha air ainmeachadh air Inbhir-Naruinn anns a’ Ghaidhealtachd. Thuinich comhlan math de mhuinntir Rois ’s an aite so, daoine sùghail, còir, coguiseach, nach d’fhàg as an deidh air taobh thall a chuain, cràbhachd an athraichean. Anns an tìr so chum iad “gu daingean samhla dh firinneach nam briathran fallain a chuala” iad ’n an oige, agus cho luath ’s a b’urrainn daibh thog iad, ann am frithean domhail Ontario, Béteil dhaibh fein, anns an robh teagasgan móra a’